


# A' LEASACHADH IONNSACHADH AGUS TEAGASG TRO THEICNEÒLAS DIDSEATACH

## RO-INNLEACHD DIDSEATACH IONNSACHAIDH AGUS TEAGAISG AIRSON ALBA - GEÀRR-CHUNNTAS GNÌOMHACH

Tha Riaghaltas na h-Alba air cur romhpa sàr-mhaitheas agus cothromachd a thoirt seachad ann am foghlam na h-Alba. Faodaidh teicneòlas didseatach cur gu ciallach ris an dleastanas seo. Ma thèid a chleachdadh gu freagarrach agus gu h-èifeachdach, faodaidh teicneòlas didseatach **ionnsachadh agus teagasg a leasachadh** air feadh gach pàirt den Churraicealam airson Sàr-mhaitheas; **sgilean didseatach riatanach** a thoirt seachad do luchd-ionnsachaidh air fad; agus **toraidhean foghlaim** a dhèanamh nas fheàrr.

'S e adhbhar na ro-innleachd seo na sochairean seo a choileanadh le bhith a' cur fòcas air gnìomhan co-cheangailte ri ceithir amasan riatanach agus eadar-cheangailte, a tha cudromach airson gum bi ionnsachadh agus teagasg didseatach soirbheachail.

- **Leasaich na sgilean agus misneachd aig luchd-teagaisg gus teicneòlas didseatach a chleachdadh gu freagarrach agus gu h-èifeachdach gus taic a chur ri ionnsachadh agus teagasg**
- **Dèan cinnteach gum bi e nas fhasa do luchd-ionnsachaidh air fad an cothrom fhaighinn air teicneòlas didseatach**
- **Dèan cinnteach gun tèid beachdachadh air teicneòlas didseatach mar phrìomhachas ann an libhrigeadh gach raon den churraicealam agus measaidhean**
- **Bheir an cumhachd do luchd-ceannais gus innleachd agus seilbheachd a bhrosnachadh ann an teicneòlas didseatach airson ionnsachadh agus teagasg**



Tha an ro-innleachd a' cur gnìomhan a ghabhas deanamh aig ìre nàiseanta fo gach amas. Am measg nan gnìomhan seo tha **ùrachadh de na h-Eòlasan agus na Builean** a th' ann an raon nan Teicneòlasan den Churraicealam airson Sàr-mhaitheas, a' tòiseachadh san t-Sultain 2016 le fòcas air sgilean didseatach; agus **neartachadh de dh'iomraidhean air teicneòlas agus sgilean didseatach sna Bun-tomhasan Proifeiseanta aig GTCS**, a thòisicheas tràth ann an 2017. A bharrachd air na gnìomhan nàiseanta, tha an ro-innleachd cuideachd a' cur dleastanasan air ùghdarrasan ionadail agus ionadan fòghlaim. San fharsaingeachd, cruthaichidh na gnìomhan agus dleastanasan seo bunait a bheir an cothrom do luchd-ionnsachaidh na h-Alba air fad, luchd-teagaisg agus pàrantan air buannachdan a gheibhear tro theicneòlas didseatach airson buileachadh, miann agus cothroman a leasachadh airson a h-uile duine.

## Dleastanasan air Riaghaltas na h-Alba agus air Buidhnean Nàiseanta

Airson ar n-amasan a choileanadh, obraichidh Riaghaltas na h-Alba agus com-pàirtichean libhrigidh aig ìre nàiseanta còmhla ri com-pàirtichean ionadail anns na dòighean a leanas:

### LEASAICH SGILEAN AR LUCHD-TEAGAISG

- Dèan cinnteach gu bheil na Bun-tomhasan Proifeiseanta airson Clàradh agus airson Ionnsachadh Proifeiseanta Fad-beatha Dreuchdail a' cur cuideam air teicneòlas agus sgilean didseatach.
- Dèan cinnteach gu bheil luchd-solarachaidh Foghlam Luchd-teagaisg Tùsail (ITE) a' sealltainn mar a chuidicheas teicneòlas didseatach agus ionnsachadh agus teagasg a leasachadh airson oileanaich, a-rèir na Bun-tomhasan airson Clàradh aig GTCS.
- Dèan cinnteach gu bheil iomadh cothrom airson ionnsachadh proifeiseanta, gu foirmeil agus gu neo-foirmeil, aig luchd-teagaisg aig gach ìre airson na sgilean agus misneachd a thoirt dhaibh gus teicneòlas didseatach a chleachdadh ann an dòigh a tha iomchaidh agus èifeachdach, a-rèir na Bun-tomhasan airson Ionnsachadh Proifeiseanta Fad-beatha Dreuchdail aig GTCS.

### LEASAICH INNTRIGEADH

- Cùm seilbheachd nàiseanta a' dol ann an iomairtean a tha a' cur taic ri inntrigeadh didseatach ann an ionadan foghlaim.
- Bheir seachad stiùireadh aig ìre nàiseanta agus ionadail a thaobh inntrigeadh do theicneòlas didseatach airson luchd-ionnsachaidh.
- Adhartaich dòighean-obrach a thaobh bun-structar didseatach ann am foghlam a chuireas feuman aig luchd-cleachdaidh an teis-mheadhain an dealbhachadh.
- Brosnaich agus bheir taic do chom-pàirtichean a leasaicheas inntrigeadh didseatach agus cothroman airson sgilean didseatach a leasachadh airson ar luchd-ionnsachaidh.

### LEASAICH LIBHRIGEADH A' CHURRAICEALAIM AGUS MEASADHEAN

- Dèan cinnteach gu bheil na pàirtean den Churraicealam airson Sàr-Mhaitheas co-cheangailte ri teicneòlas didseatach agus leasachadh sgilean didseatach buntainneach agus miannach air adhartas.
- Leasaich agus bheir taic do dhòighean measaidh a chleachdas teicneòlas didseatach ann an dòigh èifeachdach.

### CUMHACHDAICH LUCHD-CEANNAIS

- Dèan cinnteach gu bheil an lèirsinn a chithear san ro-innleachd seo follaiseach anns na Bun-tomhasan Proifeiseanta, stiùireadh airson fèin-mheasadh agus sgrùdaidhean de sholar fòghlaim na h-Alba.
- Bheir taic do luchd-ceannais ionadail gus atharrachaidhean a stiùireadh ann an co-theacsan ionadail le bhith a' faighinn agus a' roinn rannsachadh buntainneach airson dòighean-obrach èifeachdach aithneachadh gus teicneòlas didseatach a chleachdadh ann am foghlam.

## Dleastanasan air Ùghdarrasan Ionadail

### LEASAICH SGILEAN AR LUCHD-TEAGAISG

- Bheir seachad do luchd-teagaisg cothroman ionnsachaidh fad-beatha proifeiseanta airson taic a thoirt do dh'ionnsachadh agus teagasg didseatach.
- Obraich gus eòlas, fiosrachadh agus cothroman a roinn a bheir taic do leasachadh proifeiseanta airson luchd-teagaisg.

### LEASAICH INNTRIGEADH

- Cur ro-innleachd an gnìomh airson teicneòlas didseatach a chleachdadh ann am foghlam agus obraich gus cothroman aithneachadh airson bun-structar didseatach agus seasmhach a chruthachadh; a' gabhail a-steach a bhith a' ceannach innealan didseatach a tha freagarrach.
- Dèan cinnteach gun tèid beachdachadh air teicneòlas didseatach mar phrìomhachas ann am prògraman seilbh aig ùghdarrasan ionadail a bhuineas ri leasachaidhean foghlaim.
- Cuidich còmhraidhean eadar roinnean IT agus foghlaim aig ùghdarrasan ionadail airson gum faigh sgoiltean an cothrom air innealan didseatach a tha iomchaidh agus èifeachdach agus gu bheil na feuman a bhios aig luchd-ionnsachaidh san àm ri teachd air am meòrachadh gu tric agus le prìomhachas.
- Bheir taic do dh'ionadan foghlaim airson gum faigh luchd-ionnsachaidh air fad an cothrom air inntrigeadh didseatach.
- Obraich mar phàirt den 'Bhuidheann Luchd-Ceannais Didseatach' aig Foghlam Alba agus lorg dòighean eòlas a roinn thairis air crìochan ùghdarrasan ionadail.
- Dèan cinnteach gum faigh luchd-ionnsachaidh agus luchd-teagaisg air fad ann an sgìre an ùghdarras ionadail an cothrom air innealan agus seirbheisean didseatach tro chunntasan Glow.

### LEASAICH LIBHRIGEADH A' CHURRAICEALAIM AGUS MEASADHEAN

- Obraich còmhla ri SQA gus dòighean-obrach airson measadh didseatach a stèidheachadh agus a leasachadh.
- Bheir taic do dh'ionadan foghlaim gus an ùrachadh de raon nan Teicneòlasan den Churraicealam airson Sàr-mhaitheas a libhrigeadh, le fòcas sònraichte air litearrachd didseatach agus Saidheans Coimpiutaireachd.
- Bheir taic do dh'ionadan foghlaim gus aithneachadh mar a thèid teicneòlas didseatach a chleachdadh gus ionnsachadh agus teagasg a leasachadh air feadh a' churraicealam.

### CUMHACHDAICH LUCHD-CEANNAIS

- Dealbhaich ro-innleachdan ionadail a chuidicheas luchd-ceannais foghlaim a bhith cinnteach gum faigh luchd-ionnsachaidh air fad na sochairean a thig bho theicneòlas didseatach ann am foghlam.
- Bheir cothroman ionnsachaidh fad-beatha dreuchdail do luchd-ceannais, a bheir dhaibh an eòlas gus co-dhùnaidhean fiosraichte a ruighinn mu na dòighean as fheàrr a thèid teicneòlas didseatach a chleachdadh airson beairteas a thoirt do dh'fhoghlam, agus mar a thèid sgilean didseatach a leasachadh.
- Obraich gus eòlas agus eisimpleirean a roinn air mar a thèid teicneòlas didseatach a chleachdadh airson beairteas a thoirt do dh'fhoghlam, agus mar a thèid sgilean didseatach a leasachadh eadar diofar ionadan foghlaim agus ùghdarrasan ionadail.

## Dleastanasan air Ionadan Foghlaim

### LEASAICH SGILEAN AR LUCHD-TEAGAISG

- Brosnaich luchd-teagaisg gus cleachdaidhean innleachdach agus èifeachdadh a roinn an dà chuid aghaidh ri aghaidh agus tro siostaman didseatach.
- Dèan cinnteach gu bheil taic iomchaidh air a thoirt seachad do dh'oileanaich agus do luchd-obrach ùra ann a bhith a' cleachdadh teicneòlas didseatach gu freagarrach agus gu h-èifeachdach.
- Cùm sùil airson cothroman teicneòlas didseatach a chleachdadh ann an conaltradh le pàrantan agus luchd-cùraim, a' toirt seachad tuigse mu na sochairean a thig bho theicneòlas didseatach ann am foghlam.
- Dèan cinnteach gu bheil cothroman iomchaidh airson ionnsachadh proifeiseanta fad-beatha dreuchdail (CLPL) air an tabhairt do luchd-teagaisg de gach seòrsa.
- Dèan cinnteach gu bheil luchd-ionnsachaidh a' roinn an eòlasan agus sgilean didseatach agus gu bheil iad a' faighinn cothroman beachdachadh air cleachdadh teicneòlasan didseatach airson ionnsachadh agus teagasg a libhrigeadh.

### LEASAICH INNRIGEADH

- Obraich còmhla ris an ùghdarras ionadail airson bathar-bog agus bathar-cruaidh freagarrach fhaighinn a bheir taic do dh'ionnsachadh agus teagasg.
- Dèan cinnteach gum faigh luchd-ionnsachaidh air fad, nam measg feadhainn le feuman taice a bharrachd, an cothrom air teicneòlas didseatach freagarrach airson ionnsachadh agus teagasg.
- Dèan cinnteach gum bi luchd-ionnsachaidh uile nan luchd-cleachdaidh sùbailte de theicneòlas didseatach agus gum bi iad sàbhailte air-loidhne.

### LEASAICH LIBHRIGEADH A' CHURRAICEALAIM AGUS MEASADHEAN

- Dèan cinnteach gun tèid beachdachadh air teicneòlas didseatach mar phrìomhachas ann am planadh agus libhrigeadh ionnsachadh agus teagasg sam bith tron Churraicealam airson Sàr-mhaitheas.
- Bheir seachad cothroman airson luchd-ionnsachaidh an sgithean didseatach a leasachadh tron Churraicealam airson Sàr-mhaitheas.
- Obraich gus cothroman aithneachadh gus measadh a leasachadh tro theicneòlasan didseatach.

### CUMHACHDAICH LUCHD-CEANNAIS

- Dèan cinnteach gu bheil cleachdaidhean didseatach san sgoil a' cumail gu dlùth ri stiùireadh air fèin-mheasaidh agus mathachadh leithid 'How Good is Our School'.
- Obraich gus eòlas agus ealantas aithneachadh a th' aig ur luchd-obrach fhèin agus dèan cinnteach gun tèid iad seo a roinn le luchd-ceannais na sgoile.
- Dèan cinnteach gu bheil tèarainteachd agus sàbhailteachd air an eadar-lìon an teismheadhan cleachdadh sam bith de theicneòlas didseatach san sgoil.
- Bheir comhairlean pàrant agus buidhnean pàrant/luchd-cùraim a-steach do chòmhradhean mu dheidhinn a bhith cleachdadh teicneòlas didseatach airson ionnsachadh ann an àite neo aig àm sam bith.